

DREUCHD	Oifigear Aoigheachd is Thachartasan
ROINN	Aoigheachd
FO STIÙIR	Am Manaidsear Aoigheachd
UALLACH AIRSON	Sgioba an Ionaid-fàilte
ÌRE TUARASTAIL	£27,220 - £30,745
PRÌOMH ÀITE-OBACH	Sabhal Mòr Ostaig
CÙMHNANT	Maireannach

1. ADHBHAR NA DREUCHD

A' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid seirbheisean na Colaiste a thaobh aoigheachd, cho-labhairtean agus thachartasan a thoirt seachad gu h-èifeachdach. Bidh an neach-dreuchd seo a' co-òrdanachadh dhiofar ghnìomhan obrach, a' dèanamh cinnteach gu bheil sàr sheirbheisean ann do luchd-cleachdaidh, a' cuideachadh le tachartasan agus le bhith a' gleidheadh sheòmraichean is ghoireasan do dhaoine, agus bidh iad ag obair gu dlùth còmhla ri co-obraichean air feadh na Colaiste gus seirbheisean matha is èifeachdach a thoirt seachad. Bidh an neach-dreuchd seo cuideachd a' cuideachadh le obair aoigheachd, obair an ionaid-fàilte agus le bùth na Colaiste.

2 PRÌOMH DHLEASTANASAN

2.1 Dleastanasan Obrach

- A' cuideachadh a' Mhanaidseir Aoigheachd le obair làitheil roinn na h-aogheachd.
- Manaidsear airson luchd-obrach an ionaid-fàilte, a' gabhail a-steach dhleastanasan a thaobh trusadh, trèanadh inntigidh dhaibh, agus bhith a' cur chothroman leasachaidh leantainneach air dòigh dhaibh.
- A' stiùireadh mar a thèid clàran-obrach a chur air dòigh airson an ionaid-fàilte gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach aig an ionad nuair a bu chòir dhaibh a bhith ann.
- A' clàradh is a' dèanamh aithris air neo-làthaireachd luchd-obrach, a' ceadachadh làithean-saora agus a' cumail sgrìobhainnean luchd-obrach neo-mhearachdach.
- A' riochdachadh na roinne aig coinneamhan chomataidhean is bhùithtean-obrach na Colaiste nuair a bhios feum air sin.
- Ag obair còmhla ri Roinn na h-Oighreachd, Roinn an Ionmhais, agus Roinn nan Seirbheisean Oileanach agus roinnean eile gus dèanamh cinnteach gun tèid seirbheisean matha a thoirt seachad.

2.2 A' Stiùireadh Thachartasan agus Cho-labhairtean

- Tha dleastanasan oirbh airson a bhith a' planadh agus a' cur air dòigh thachartasan, cho-labhairtean, choinneamhan agus obair co-cheangailte ri sgoiltean samhraidh.
- A' cleachdadh siostam-gleidhidh na Colaiste gus rian a chumail air clàran-ama, àiteachan-fuirich, ullachadh nan seòmraichean agus mar a thèid obair a dhèanamh.
- A' co-òrdanachadh chùisean practaigeach leithid seirbheisean bìdh, uidheamachd, soidhnichean, feumalachdan a thaobh so-ruigsinneachd agus seirbheisean solair.

- A’ toirt taic seachad air an latha nuair a bhios tachartas ann, a’ dèiligeadh ri cùisean a dh’èireas agus a’ sireadh taic bho mhanaidsear leotha nuair a dh’fheumas sibh.
- Ag ullachadh sgrìobhainnean airson tachartasan (sgrìobhainnean-fiosrachaidh, clàran-ama, clàran-stuthan).
- Ag ullachadh fhàirdealan airson thachartasan agus chosgaisean àiteachan-fuirich agus ag obair còmhla ri Roinn an Ionmhais gus clàran ionmhasail ceart a chumail.
- A’ cruinneachadh bheachdan dhaoine air seirbheisean aoigheachd is thachartasan gus piseach a thoirt orra.
- A’ cuideachadh le bhith a’ dèanamh sanasachd air goireasan na Colaiste do dhaoine a nì feum coimeirsealta dhiubh.

2.3 A’ Stiùireadh Bùth na Colaiste

- A’ stiùireadh obair na bùtha bho latha gu math gus dèanamh cinnteach gun dèanar prothaid agus gum bi deagh sheirbheis ann do luchd-ceannaich.
- A’ stiùireadh mar a thèid bathar òrdachadh, rian a chumail air ìrean bathair agus prìsean a stèidheachadh, agus nì sibh cinnteach gun tèid rian èifeachdach a chumail air cosgaisean agus gum bi clàr-bathair ceart ann.
- Ag obair còmhla ri co-obraichean acadaimigeach agus san leabharlann airson dèanamh cinnteach gu bheil goireasan is leabhraichean freagarrach ann nuair a bu chòir dhaibh a bhith ann.
- A’ cuideachadh le bhith a’ cur air adhart agus a’ taisbeanadh bathar sònraichte aig diofar amannan dhen bhliadhna.
- A’ cumail chlàran bathair is reic neo-mhearachdach a rèir mhodhan-obrach na Colaiste.

2.4 Taic do dh’Oileanaich is Aoighean

- A’ dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ris gach ceist is iarrras bho oileanaich, aoighean agus luchd-obrach gun dàil agus gu proifeiseanta.
- Ag obair còmhla ri sgiobaidhean buntainneach gus taic a chumail ri math nan oileanach, gu h-àraidh an lùib chùisean co-cheangailte ri àiteachan-fuirich is beatha nan oileanach air àrainn na Colaiste.
- A’ toirt sheirbheisean sàr-mhath seachad do luchd-cleachdaidh agus bidh sibh mar thosgair dhan Cholaiste.

2.5 Riatanasan is Rianachd

- A’ cuideachadh le bhith a’ coileanadh riatanasan HMO Sabhal Mòr Ostaig, leithid sgrùdaidhean, a’ cumail chlàran, aithisgean agus a’ cumail ri modhan-obrach buntainneach.
- A’ cumail sùil air a’ bhogsa-phuist airson “Fios”, agus a’ dèanamh cinnteach gun tèid dèiligeadh ri teachdaireachdan ann an deagh àm agus mar a bu chòir.
- A’ stiùireadh mar a thèid siostaman-gleidhidh na Colaiste a chleachdadh gus am bi iad air an cleachdadh gu h-èifeachdach is gu ceart, agus an lùib sin ullaichidh sibh aithisgean agus bidh sibh a’ cuideachadh le bhith a’ toirt piseach air an t-siostam.
- A’ cumail ri modhan-obrach a thaobh slàinte is sàbhailteachd, dìon air daoine, dìon dàta agus sàbhailteachd teine.

2.6 Dleastanasan Eile

- Ag obair aig an ionad-fàilte nuair a dh'fheumas sibh (daoine dheth tinn no air làithean-saora, no aig amannan trang).
- A' cuideachadh le pròiseactan gus leasachadh a thoirt air an roinn.
- A' coileanadh dhleastanasan reusanta eile nuair a bhios sin a dhìth.

Comasan an Neach-obrach

	Sgilean Riatanach	Sgilean a bhiodh nam Buannachd
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	Foghlam aig co-dhiù ìre SCQF 6 no eòlas-obrach ionann ri sin	Dioplòma/SVQ ann an Stiùireadh Aoisgeachd no raon co-cheangailte ri sin.
Sgilean	<p>Fileanta sa Ghàidhlig (ga sgrìobhadh agus ga bruidhinn)</p> <p>Sàr sgilean eadar-phearsanta is conaltraidh.</p> <p>Comasach dhuibh luchd-obrach a stiùireadh agus a bhrosnachadh.</p> <p>Sàr sgilean eagrachaidh agus mionaideach nur n-obair.</p> <p>Comasach dhuibh breithneachadh a dhèanamh air duilgheadasan agus fuasglaidhean èifeachdach a lorg air an son.</p> <p>Comasan a thaobh shiostaman gleidhidh is rianachd.</p> <p>'S urrainn dhuibh prìomhachas a chur air gnìomhan obrach, grunn gnìomhan a ghabhail os làimh aig an aon àm agus a bhith ag obair fo uallach.</p> <p>'S urrainn dhuibh obair air ur ceann fhèin agus mar phàirt de sgioba.</p> <p>Sàr ìrean-obrach a thaobh sheirbheisean do luchd-cleachdaidh.</p>	<p>Eòlas air obair aoisgeachd choimeirsealta.</p> <p>Tuigse air riatanasan HMO.</p> <p>Eòlas air cùisean dìon, GDPR agus uallaichean slàinte is sàbhailteachd.</p> <p>Sgilean margaidheachd no a thaobh mheadhanan sòisealta gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is a' bhùth.</p>
Eòlas	Eòlas air a bhith a' stiùireadh luchd-obrach.	Eòlas air a bhith a' stiùireadh thachartasan no a' co-òrdanachadh cho-labhairtean.

	<p>Eòlas air a bhith ag obair ann an aoigheachd, turasachd, le tachartasan no ann an dreuchd far a bheil sibh a' dèiligeadh ri luchd-cleachdaidh.</p> <p>Eòlas air a bhith ag obair le siostaman gleidhidh no rianachd.</p> <p>Eòlas air a bhith a' toirt sàr sheirbheisean seachad do luchd-cleachdaidh.</p>	<p>Eòlas air a bhith a' stiùireadh bùth, a' cumail rian air ìrean bathair no air clàran is sgrìobhainnean ionmhasail.</p> <p>Eòlas air a bhith ag obair ann an ionad foghlaim no àite le àiteachan-fuirich.</p>
--	---	---

Uairean gach Seachdain

Bidh sibh ag obair 35 uairean a thìde san t-seachdain, mar as trice thairis air 5 latha a-mach à 7. Bidh agaibh ri obair a dhèanamh aig an deireadh-sheachdain bho àm gu àm gus cuideachadh le tachartasan is co-labhairtean.

Fòrladh Bliadhnail

35 làithean sa bhliadhna, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach. Tha aig luchd-obrach ri pàirt dhen fhòrladh bliadhnail aca a chleachdadh nuair a bhios a' Cholaiste dùinte aig àm na Nollaig.